

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## **COLMCILLE AG AINMEACHADH URRASACHD DON EADAR-NÀISEANAIL CAMANACHD / IOMÁINÍOCHT**

**06 An Dàmhair 2009**

Tha Comann na Camanachd, buidheann riaghlaidh na camanachd, fìor thoilichte aonta ùr le Colmcille ainmeachadh mar thaic dhan Àrd-Eadar-Nàiseanail Camanachd / Iomáiníocht 2009 na bliadhna seo, a bhios a’ gabhail àite Disathairn 31<sup>mh</sup> Dàmhair ann am Pàirc nam Bochd, Inbhir Nis.

Bidh Colmcille, a tha ag obair gus mothachadh a thogail mu thimcheall na Gàidhlig a thuilleadh air a bhith a’ tarraing luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba agus ann an Èirinn còmhla, a’ toirt urrasachd don Àrd-Eadar-Nàiseanail Camanachd / Iomáiníocht agus do sgioba camanachd Ghàidhlig na h-Alba.

Thuir Eoghan Mac Cormaic, Cathraiche Comataidh Stiùiridh Cholmcille, “Tha urrasachd Cholmcille a’ comharrachadh taobh na Gàidhlig den spòrs seo sa bheil sinn le chèile co-phàirteach. Ge ’r bith iad luchd-cluiche camanachd no iomáiníocht, tha iomain na dhualchas coitcheann. Tha an dualchas coitcheann Gàidhlig seo a’ gabhail a-steach ar cànan agus ar cultar sa bheil iomain mar phàirt choileanta. Tha sinn a’ coimhead air adhart ri geamannan 2009 agus ris na tachartasan cultarach a bhios nan cois, gu fàs air coluadar agus gu co-roinn air ionnsachadh, eadar luchd-labhairt a’ chàin seo a tha sinn a’ roinn eatarainn”.

Thuir Donnchadh Camshron, Ceann-suidhe Comann na Camanachd, “Tha taic bho Cholmcille air leth di-beathte agus tha e mar aideachadh agus ath-dhaingneachadh poblach air an àite a tha agus a bhios aig camanachd ann an cànan agus cultar nan Gàidheal.”

Tha an t-Àrd-Eadar-Nàiseanail Camanachd / Iomáiníocht mar aon ann an sreath de gheamannan Eadar-nàiseanta a bhios a’ gabhail àite air 31<sup>mh</sup> Dàmhair. Bidh gèam fo-aois 21 a’ gabhail àite aig 11.00m agus bidh coinneachadh Camanachd / Camógaíocht bhoireannach ann aig 12.30f, a’ leantainn le farpais nam feadhainn as sine, a bhios air a chraoladh BEÒ air BBC 2 Alba, aig 2.10f.

Tha an t-Eadar-Nàiseanail Camanachd / Iomáiníocht 2009 a’ faotainn taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd, Tachartas Alba agus Maoin Mathais Coitcheann Inbhir Nis.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## COLMCILLE ANNOUNCE SHINTY/HURLING INTERNATIONAL SPONSORSHIP

06 October 2009

The Camanachd Association, the governing body of shinty, is delighted to announce a new agreement with Colmcille in support of this year's Senior Shinty/Hurling International 2009 which takes place on Saturday 31<sup>st</sup> October at Bught Park, Inverness.

Colmcille, who work to raise awareness surrounding the Gaelic language as well as bringing together the Gaelic speakers of Scotland and Ireland, will sponsor the Senior Shinty/Hurling International and the Gaelic-speaking Scottish shinty squad.

Eoghan Mac Cormaic, Chair of the Steering Committee of Colmcille, said "Colmcille's sponsorship marks the Gaelic language dimension of our shared sport. Whether shinty players or hurlers, Iomain is a common tradition. This common Gaelic tradition encompasses our shared language and culture of which Iomain is an integral part. We look forward to 2009 games and accompanying cultural events, to the continued growth of contact, and to the sharing of learning, between speakers of our shared language".

Duncan Cameron, Camanachd Association President, said, "Support from Colmcille is most welcome and is a public acknowledgement and reinforcement of the role shinty has, and continues to play, in the culture and language of the Gael."

The Senior Shinty/Hurling International is part of a series of Internationals taking place on October 31<sup>st</sup>. An under 21s match takes place at 11.00am and a ladies Shinty/Camogie encounter throws-in at 12.30pm, the senior's tie, which is being broadcast LIVE on BBC 2 Scotland, will follow at 2.10pm.

The Shinty/Hurling International 2009 is also kindly supported by the Highland Council, EventScotland and the Inverness Common Good Fund.